

Achd an Fhoghlaim  
(Taic A-bharrachd do Ionnsachadh)  
(Alba) 2004

STIÙIREADH DO PHÀRANTAN/LUCHD-CÙRAIM



GNÌOMHACH



SÀBHAILTE

A' GABHAIL PÀIRT

A' COILEANADH



## Cò mu dheidhinn a tha a' bhileag seo?

Tha a' bhileag seo airson phàrantan/luchd-cùraim a h-uile leanabh agus neach òig ann an sgoiltean na h-Alba. Tha 'daoine òga' an-seo a' ciallachadh daoine aois 16 no 17 a tha fhathast san sgoil.

Tha a' bhileag seo a' mìneachadh an eagrachaidh ùir a thug Achd an Fhoghlaim (Taic a-bharrachd do Ionnsachadh) 2004 a-steach. Is e 'an Achd' a bhios oirre an seo. Thàinig an Achd gu èifeachd air 14 Samhain 2005 ann an Alba.

## Dè a th' ann am feumalachdan taic a-bharrachd?

Tha an Achd a' toirt luaidh air 'feumalachdan taic a-bharrachd' agus a' cur dleastanas air ùghdarrasan foghlaim a bhith a' toirt cuideachadh a-bharrachd anns an sgoil do chloinn is òigridh **uile** aig a bheil feumalachdan taic a-bharrachd. Is dòcha gum bi feum aig cloinn is daoine òga air cuideachadh le leughadh no sgrìobhadh; inntreigeadh nas fhasa a thoirt dhaibh don sgoil agus do ghoireasan na sgoile; no airson gu bheil duilgheadas aca san teaghlach no le suidheachadh eile. Faodaidh feumalachdan taic a-bharrachd a bhith aca airson ùine ghoirid no airson ùine fhada. Mar eisimpleir, **is dòcha** gum bi feumalachdan taic a-bharrachd aig leanabh no neach òg:

- a tha a' fulang burraidheachd
- aig a bheil duilgheadasan giùlain no ionnsachaidh
- a tha bodhar no dall
- aig a bheil liut shònraichte
- a tha a' caoidh cuideigin a bhàsaich
- a tha a' gabhail cùram do chuideigin
- nach bi a' tighinn don sgoil gu cunbhalach.

Feumar tuigsinn nach eil ach beagan eisimpleirean san liosta seo. Chan eil crìoch air an uiread adhbharan a dh'fhaodadh feumalachdan taic a-bharrachd a bhith aig cuideigin. Sin an t-adhbhar a tha an Achd airson dèanamh cinnteach gu faigh clann is daoine òga **uile** an taic a dh'fheumas iad airson nam **feumalachdan aca fhèin** a choinneachadh agus a' bhuannachd as fheàrr a thoirt às an fhoghlaim aca.

## Dè tha an Achd a' dèanamh?

Tha an Achd **a' cur dhleastanasan ùra air ùghdarrasan foghlaim gus buannachd a thoirt do chloinn, daoine òga agus pàrantan/luchd-cùraim**. Tha i cuideachd ga chur mar fhiachaibh air buidhnean àraidh cuideachadh a thoirt don ùghdarras foghlaim gus an urrainn dha na dleastanasan laghail aige a choileanadh a rèir na h-Achd. Tha iad seo a' gabhail a-steach seirbheisean obair shòisealta, ùghdarras ionadail sam bith eile, seirbheisean leigheis, stèidhean àird fhoghlaim is foghlaim adhartach, agus seirbheisean comhairleachaidh dreuchd. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh an t-ùghdarras foghlaim iarraidh air a' Bhòrd Slàinte ionadail aca an cuideachadh gus feumalachdan ionnsachaidh cloinne is dhaoine òga aithneachadh agus taic a thoirt dhaibh.

## Tha a' chòir aig pàrantan/luchd-cùraim:

- iarraidh air an ùghdarras foghlaim faighinn a-mach a bheil feumalachdan taic a-bharrachd aig an leanabh aca

- › iarraidh air an ùghdarras foghlaim faighinn a-mach am feum an leanabh aca plana taice co-eagraichte no a dhol thairis air plana taice a th' aca mar-thà
- › measadh agus/no sgrùdadh sònraichte iarraidh
- › àite iarraidh don leanabh aca ann an sgoil speisealta neo-eisimeileach ma tha feumalachdan taic a-bharrachd aca
- › faighinn a-mach dè an fhreagairt a fhuair iarrtas sam bi a rinn iad agus dè na còirichean ath-thagraidh a th' aca
- › lethbhreac den phlana taice co-eagraichte fhaighinn, no mura h-eil còir aig an leanabh aca air plana, comhairle agus fiosrachadh fhaighinn mu fheumalachdan taic a-bharrachd an leanabh aca
- › èisteachd fhaighinn do na beachdan aca agus na beachdan sin a thoirt an lùib a' phlana taice cho-eagraichte
- › cuideachadh iarraidh bhon t-seirbheis eadraiginn (faic duilleag 4 airson tuilleadh fiosrachaidh)
- › eagrachadh rèiteachadh eas-aonta a chur gu feum airson chùisean a' buntainn ri feumalachdan taic a-bharrachd (faic duilleag 4 airson tuilleadh fiosrachaidh)
- › ath-thagradh a chur a-steach do Tribiùnailean ùra mu dheidhinn cho-dhùnidhean a nì an t-ùghdarras foghlaim a thaobh co dhiubh a thèid plana taice co-eagraichte a dheasachadh no nach tèid, an ùine a tha deasachadh no ath-bhreithneachadh air plana a' toirt, am fiosrachadh anns a' phlana, a' gabhail a-steach an seòrsa taice a thèid a sholarachadh, agus ma dhiùltas an t-ùghdarras ath-bhreithneachadh a dhèanamh air plana.
- › air neach-cuideachaidh no riochdaire a bhith còmhla riutha aig coinneamh sam bith leis an sgoil no an t-ùghdarras foghlaim agus aig èisteachdan nan Tribiùnailean.

Tha na h-aon chòirichean aig daoine òga 's a th' aig pàrantan. Mar eisimpleir, faodaidh iad iarraidh gun tèid measadh a dhèanamh orra fhèin no feum a dhèanamh de na seirbheisean eadraiginn.

## Feumaidh ùghdarrasan foghlaim:

- › eagrachadh freagarrach, èifeachdach a chur air dòigh mu choinneamh **a h-uile** leanabh no neach òg aig a bheil feumalachdan taic a-bharrachd, ma tha an t-ùghdarras fo dhleastanas foghlaim a thoirt dhaibh
- › taic fhreagarrach a sholarachadh airson clann fo aois 3 air a bheil ciorram, nuair a thèid seo a mholadh le Bòrd Slàinte agus nuair a tha feumalachdan taic a-bharrachd aig an leanabh
- › eagrachadh a chur air dòigh airson feumalachdan taic a-bharrachd aithneachadh
- › fiosrachadh fhoillseachadh mu na seirbheisean a tha gan solarachadh fon Achd agus dè an t-eagrachadh a th' ann airson feumalachdan taic a-bharrachd aithneachadh agus dèiligeadh riutha
- › plana taice co-eagraichte (faic gu h-ìosal) a thoirt don chloinn agus daoine òga aig a bheil feum air, agus ath-bhreithneachadh cunbhalach a dhèanamh air a' phlana
- › seirbheisean eadraiginn neo-eisimeileach agus an-asgaidh a sholarachadh airson pàrantan a chuideachadh a' fuasgladh no a' seachnadh eas-aonta eadar an t-ùghdarras agus pàrantan/luchd-cùraim (no daoine òga) mun dòigh a tha an t-ùghdarras a' coileanadh a dhleastanas fon Achd
- › eagrachadh a chur air dòigh airson cuid de chloinn aig a bheil feumalachdan taic a-bharrachd a chuideachadh aig amannan atharrachaidh àraidh anns an fhoghlam aca; me gluasad bho ro-sgoil do bhun-sgoil, bun-sgoil do àrd-sgoil agus bho fhoghlam sgoile do fhoghlam as dèidh dhaibh an sgoil fhàgail (faic gu h-ìosal)

- fiosrachadh agus comhairle iarraidh, agus a thoirt fa-near, bho bhuidhnean a dh'fhaodadh an leanabh a chuideachadh nuair a dh'fhàgas iad an sgoil. Feumar seo uile a dhèanamh *aig a' char as fhaide* 12 mìosan mus eil dùil aig an neach òg an sgoil fhàgail
- fiosrachadh a thoirt do na buidhnean a bhios a' toirt taic don neach òg nuair a dh'fhàgas iad an sgoil, a' gabhail a-steach seirbheisean comhairleachaidh dreuchd, oilthighean agus colaistean foghlaim adhartach, ma dh'aontaicheas an neach òg ri seo. Feumar seo a dhèanamh *co-dhiù* 6 mìosan mus eil dùil aig an neach òg an sgoil fhàgail
- faodaidh ùghdarrasan foghlaim cuideachadh a thoirt do chloinn is daoine òga le feumalachdan taic a-bharrachd fiù mur eil iad ann an sgoil an ùghdarras fhèin; mar eisimpleir, ma tha iad a' faighinn foghlam aig an taigh no foghlam prìobhaideach. Chan eil seo na dhleastanas orra, ach tha a' chòir aig pàrantan na cloinne seo air measadh iarraidh air feumalachdan an leanabh aca agus faodaidh an t-ùghdarras comhairle, fiosrachadh agus cuideachadh a thoirt seachad.

Tha Ministearan na h-Alba air **Còd Obrachaidh** a libhrigeadh. Tha seo a' stèidheachadh mar a bhios an siostam ag obair agus tha e a' cuideachadh ùghdarrasan foghlaim agus eile ann an coileanadh an dleastanas ùir.

## Dè an taic a th' ann do chloinn is daoine òga aig a bheil feumalachdan taic a-bharrachd?

Is e pàirt chudromach den Achd gu bheil i a' cur dleastanas air ùghdarrasan foghlaim an t-eagrachadh airson feumalachdan taic a-bharrachd a h-uile leanabh is neach òig a gheibh foghlam bhuapa a chur air dòigh agus ath-bhreithneachadh. Bidh an seòrsa taic a tha iad a' solarachadh a' crochadh air an t-seòrsa fheumalachdan. Faodaidh sgoil plana ionnsachaidh, leithid Prògram Foghlaim Pearsanta, a chleachdadh airson ionnsachadh cloinne is dhaoine òga le feumalachdan taic a-bharrachd a dhealbhadh.

## Dè an taic a th' ann do chloinn is daoine òga leis na feumalachdan taic a-bharrachd as toinnte?

Feumaidh ùghdarras foghlaim **plana taice co-eagraichte** ùr a dheasachadh don chloinn (aois 3 agus nas sine) agus do na daoine òga seo. Nì seo co-eagrachadh air taic don fheadhainn le feumalachdan taic a-bharrachd a tha ag èirigh bho iomadh adhbhar no adhbharan toinnte, a dh'fheumas taic foghlaim cho math ri taic bho aon no barrachd de na seirbheisean eile. Feumar co-eagrachadh a dhèanamh air na seirbheisean ma dh'fheumas an t-ùghdarras foghlaim cuideachadh bho sheirbheisean eile, an dà chuid bho roinnean eile den ùghdarras fhèin, leithid obair shòisealta, agus bhon taobh a-muigh, leithid slàinte. Sin an t-adhbhar a tha am plana ann. Thèid feart a thoirt do bheachdan an leanabh no neach òig agus nam pàrantan/luchd-cùraim nuair a tha plana ga dheasachadh agus thèid na beachdan deireannach aca a chur don phlana.

## Dè tha anns a' phlana taice co-eagraichte?

Feumaidh na leanas a bhith ann am plana taice co-eagraichte:

- mìneachadh air carson a tha feumalachdan taic a-bharrachd aig an leanabh no neach òg
- na h-amasan foghlaim a tha an leanabh no neach òg a' faighinn taic airson an coileanadh



- an taic a dh'fheumas an leanabh no neach òg gus na h-amasan sin a choileanadh
- fios air cò libhrigeas an taic seo
- ainm sgoil an leanaibh no neach òig
- ainm cuideigin anns an ùghdarras foghlaim dom faod pàrantan/luchd-cùraim fios a chur airson comhairle agus fiosrachadh
- ainm an neach a cho-eagraicheas taic bho sheirbheisean eadar-dhealaichte.

Tha e cudromach cuideachd gu feum plana taice co-eagraichte amasan a stèidheachadh air dè bu chòir don leanabh ionnsachadh agus cuideachd gun cuir am plana ri neartan an leanaibh.

## Ma bha Clàr Fheumalachdan aig an leanabh agam, ciamar a bheir seo buaidh air?

Tha an Achd air cur às don riatanas airson Clàr Fheumalachdan, agus chan urrainnear Clàran ùra sam bith fhosgladh. Ach tha clann sam bith aig an robh Clàr Fheumalachdan air 13 Samhain 2005 gam meas, fon Achd, gu bheil feumalachdan taic a-bharrachd aca. Bidh gu 13 Samhain 2007 aig ùghdarrasan foghlaim airson measadh cò den chloinn sin a dh'fheumas plana taice co-eagraichte. Tha e mar fhiachaibh air ùghdarrasan foghlaim dèanamh cinnteach nach tèid an t-eagrachadh a chaidh a chur air dòigh airson na feadhna le Clàr Fheumalachdan a lùghdachadh mus tèid beachdachadh air plana taice co-eagraichte, mur eil atharrachadh mòr air tighinn air feumalachdan an leanaibh no neach òig anns an eadar-àm. Ma thèid a cho-dhùnadh nach eil feum aig an leanabh agad air plana taice co-eagraichte cha tig atharrachadh sam bith anns an eagrachadh taice a th' ann an èifeachd aig àm a' cho-dhùnaidh sin, airson dà bhliadhna eile, mura tig atharrachadh mòr air feumalachdan an leanaibh no neach òig.

## Dè nì mi ma tha dragh orm mun eagrachadh a tha ga dhèanamh airson an leanaibh agam?

Bu chòir dhut an-còmhnaidh bruidhinn ris an luchd-obrach a tha ag obair còmhla ris an leanabh agad, agus gu h-àraidh, an ceannard-sgoile, a dh'fhaicinn an gabh eas-aonta a rèiteach anns an sgoil fhèin. Feumaidh ùghdarras ionadail seirbheisean eadraiginn a sholarachadh an-asgaidh do phàrantan. Faodaidh **seirbheisean eadraiginn** teaghlaichean agus ùghdarrasan ionadail a chuideachd gus deagh dhàimh a thogail no ath-thogail, agus co-obrachadh a bhrosnachadh airson eagrachadh a chur air dòigh don leanabh no neach òg. Faodaidh iad cuideachadh ann a bhith a' seachnadh nan duilgheadasan a bhios ag èirigh nuair nach eil pàrantan, luchd-teagaisg, oifigearan an ùghdarras is eile a' tuigsinn a chèile no a' roinn fiosrachadh, le bhith gan cuideachadh a' dèanamh conaltradh èifeachdach ri chèile. Is e prìomh adhbhar nan seirbheisean eadraiginn gun tèid daoine nach eil ag aontachadh ri chèile a thoirt còmhla airson rèiteach ciamar a gheibh iad fhèin fuasgladh air an eas-aonta a tha eatarra.

Ann an cuid de shuidheachaidhean faodaidh pàrantan cothrom fhaighinn a bhith a' cleachdadh eagrachadh an ùghdarras airson rèiteach eas-aonta le **breithneachadh neo-eisimeileach**, agus tha seo an-asgaidh dhaibh. Tha an dòigh seo air eas-aonta fhuasgladh a' toirt cothrom airson ath-

bhreithneachadh foirmeil le neach neo-eisimeileach, nach buin don ùghdarras ionadail, a bheachdaicheas air an t-suidheachadh bhon dh'èirich an t-eas-aonta agus a nì aithisg le molaidhean don ùghdarras foghlaim. Bheir an t-ùghdarras foghlaim an uairsin lethbhreac de aithisg an Neach-breithneachadh Neo-eisimeilich do na pàrantan/luchd-cùraim agus innsidh iad dhaibh dè an co-dhùnadh a bha aig an Neach-breithneachadh Neo-eisimeileach. Innsidh an t-ùghdarras agad dhut dè an t-eagrachadh a th' aca airson eas-aonta a rèiteach tro bhreithneachadh neo-eisimeileach.

Nuair a bhuineas cùis ri plana taice co-eagraichte is dòcha gum faodar fios a chur do **Thribiùnailean Feumalachdan Taic A-bharrachd airson na h-Alba**. Bheir na Tribiùnailean fhèin (faic gu h-ìosal airson dòighean air fios a chur thuca) tuilleadh comhairle dhut mu dheidhinn seo.

**Loidhne Cuideachaidh Tribiùnailean Feumalachdan Taic A-bharrachd airson na h-Alba: 0845 120 2906**

**Làrach-lìn:** [www.asntscotland.gov.uk](http://www.asntscotland.gov.uk)

## Càite am faigh mi tuilleadh fiosrachaidh?

Airson tuilleadh fiosrachaidh is comhairle mu dheidhinn na h-Achd, cuiribh fios gu

**Loidhne Cuideachaidh Enquire air: 0845 123 2303**

**Fòn teagsa: 0131 22 22 439**

**Post-d:** [info@enquire.org.uk](mailto:info@enquire.org.uk)

**no làrach-lìn Parentzone:** [www.parentzonescotland.gov.uk](http://www.parentzonescotland.gov.uk)

Gheibhear 'The parents' guide to additional support for learning', anns a bheil tuilleadh fiosrachaidh mhionaidich le eisimpleirean de chùisean sònraichte bho Enquire aig [www.enquire.org.uk/enquire/pdf/parents-guide-to-asl-2006-01.pdf](http://www.enquire.org.uk/enquire/pdf/parents-guide-to-asl-2006-01.pdf) no le fios a chur gu Enquire, Fòn 0845 123 2303.

Gheibhear Parents' Guide for ASN Tribunals aig [www.asntscotland.gov.uk/asnts/files/i6769c.pdf](http://www.asntscotland.gov.uk/asnts/files/i6769c.pdf) no le fios a chur gu Tribiùnailean Feumalachdan Taic A-bharrachd airson na h-Alba, Fòn 0845 120 2906.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh cuideachd air làrach-lìn Stiùireachas Sgoiltean Riaghaltas na h-Alba: [www.scotland.gov.uk/Topics/Education/Schools/welfare/ASL](http://www.scotland.gov.uk/Topics/Education/Schools/welfare/ASL)

Gheibhear an Achd bho [www.scotland-legislation.hmso.gov.uk/legislation/scotland/acts2004/20040004.htm](http://www.scotland-legislation.hmso.gov.uk/legislation/scotland/acts2004/20040004.htm) no Oifis Foillseachaidh na Bànrìghe, Fòn 0870 606 5566.

Tha an Còd Obrachaidh ri fhaighinn air [www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/57346/0016754.pdf](http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/57346/0016754.pdf)

Thèid a' bhileag seo a dhèanamh ann an riochdan eadar-dhealaichte: fònaig 0131 244 1622 airson tuilleadh fiosrachaidh. Bidh a' bhileag seo cuideachd ri faighinn ann an cànanan coimhearsnachd bho làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba. Mura h-eil cothrom agad air an eadar-lìon, fònaig an àireamh gu h-àird, agus cuiridh sinn lethbhreac a-mach thugad.

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn.

